

Am Prionnsa Teàrlach agus Ban-diùc na Còirn
Sgrùdadh Bliadhnail 2009

SGRÙDADH BLIADHNAIL 2009

Is e adhbhar an Sgrùdadh Bhliadhnail seo sealladh farsaing a thoirt seachad air gnìomhachdan oifigeil agus carthannach Phrionnsa na Cuimrigh agus Ban-diùc na Còirn, agus fiosrachadh a sholarachadh mu an teachd-a-steach agus caiteachas oifigeil thairis air a' bhliadhna gu 31mh Màrt 2009.

Tha an Sgrùdadh seo a' toirt iomradh air dreuchd agus obair Phrionnsa na Cuimrigh, sa bheil trì prìomh eileamaidean: a' gabhail os làimh dhleastanasan rioghail mar thaic dhan Bhànrigh, ag obair mar neach-tionnsgain carthannach agus a' cur air adhart agus a' dìon nòsan, bheusan agus sàr-mhathas gu nàiseanta.

www.princeofwales.gov.uk

Tha fiosrachadh mionaideach mu na dleastanasan oifigeil uile air làrach-lìn a' Phrionnsa, a thuilleadh air òraidean, altan agus raon farsaing de fhiosrachadh beatha-eachdraidheil is fireannach.

CÒMHDACH AGHAIDH

Sa Mhàrt 2009, thadhail Prionnsa na Cuimrigh agus Ban-diùc na Còirn air BAPS Shri Swaminarayan Mandir, ris an canar Teampall Neasden, ann an Lunnainn.

DUILLEAG 14 A' TOIRT TAIC DHAN BHÀNRIGH

DUILLEAG 20 NEACH-TIONNSGAIN CARTHANNACH

DUILLEAG 34 AG ADHARTACHADH AGUS A' DÌON

DUILLEAG 38 AM PRIONNSA UILLEAM IS AM PRIONNSA HARRY

SUSBAINT

02 | 09 RO-RÀDH

- 02 | 03 Geàrr-chunntas
- 04 | 05 Dleastanasan agus Gnìomhachdan
- 06 | 07 Uallach àrainneachail agus sòisealta
- 08 | 09 Diùcachd na Còirn

10 | 13 FEARTAN SÒNRAICHTE

- 10 | 11 Iomairt Charthannais a' Phrionnsa am Burnley
- 12 | 13 Pròiseact Choilltean-uisge a' Phrionnsa

14 | 19 A' TOIRT TAIC DHAN BHÀNRIGH

- 16 | 17 An Rìoghachd Aonaichte agus thall thairis
- 18 | 19 Na Feachdan Armaichte

20 | 33 NEACH-TIONNSGAIN CARTHANNACH

- 22 | 23 £130 millean dha carthannas
- 24 | 25 Cothrom agus iomairt
- 26 | 27 Gnothachas cunntachail
- 28 | 29 An àrainneachd dhùinte
- 30 | 31 Foghlam
- 32 Slàinte
- 33 Iomairt shòisealta

34 | 37 AG ADHARTACHADH AGUS A' DÌON

- 36 | 37 A' togail chùisean

38 | 41 AM PRIONNSA UILLEAM AGUS AM PRIONNSA HARRY

42 | 57 TEACHD-A-STEACH, CAITEACHAS AGUS LUCHD-OBRACH

- 44 Cunntas teachd-a-steach agus caiteachais
- 44 | 45 Teachd-a-steach agus maoineachas
- 46 | 47 Caiteachas
- 48 | 52 Luchd-obrach
- 53 Tursan bliadhna
- 53 Cosgaisean oifigeil air an sgrùdadh le buidheann caiteachais
- 54 | 57 Cunntas seasmhachd

58 | 60 EÀRR-RÀDH

- 58 | 59 Cùraman Àrd-luchd-stiùiridh
- 60 Carthannais a' Phrionnsa

GEÀRR-CHUNNTAS

Tha an Sgrùdadh Bliadhna seo a-mach air a' bhliadhna gu 31mh Màrt 2009. A bharrachd air an ro-ràdh seo agus taghadh de thachartasan bhon bhliadhna a chaidh seachad, tha sia prìomh earrannan ann: aon co-cheangailte ri feartan sònraichte a' cur cuideam air obair thionnsgnaidhean agus charthannas Phrionnsa na Cuimrigh; trì a' mìneachadh gach prìomh eileamaid de dhreuchd a Mhòrachd Rìoghail; aon a' cur Teaghlach ùr a' Phrionnsa Uilleam agus a' Phrionnsa Harry far comhair; agus an t-siathamh tè a' solarachadh fiosrachadh mionaideach air mar a tha a ghnìomhachdan agus oifis air am maoinachadh agus a' mìneachadh mar a tha sin a' bualadh air an àrainneachd.

Ged nach eil dleastanas bun-reachdail stèidhte dha Oighre na Rìgh-chathrach, tha am Prionnsa a' feuchainn ri, le taic bho a mhnaoi Ban-diùc na Còirn, ri nas urrainn dha a choileanadh gus diofar a dhèanamh dha mathas na Rìoghachd Aonaichte gu h-eadar-nàiseanta. Faodar an dòigh a th' aig a' Phrionnsa Rìoghail air sin a dhèanamh a roinn gu simplidh ann an trì earrainnean.

A' gabhail dhleastanasan os làimh mar thaic dhan Bhàn-rìgh

Tha seo a' ciallachadh gum bi am Prionnsa a' cur taic ris a' Bhàn-rìgh na dreuchd mar mheadhan chuimsichte airson uail nàiseanta, aonachd agus dilseachd agus a' tarraing dhaoine còmhla thar gach raon den chomann shòisealta, a' riochdachadh seasmhachd agus leantainneachd, a' toirt euchd am follais agus a' cur cuideam air cho cudromach 's a tha seirbheis agus an raon saor-thoileach tro bhrosnachadh agus tro eisimpleir.

Ag obair mar neach-tionnsgain carthannach

Airson iomadh bliadhna tha Am Prionnsa air a bhith ag obair gus feumalachdan carthannais a dhearbhadh-aithneachadh agus gus carthannais a stèidheachadh agus a stiùireadh air adhart mu choinneamh sin. An-diugh, tha The Prince's Charities, mar a tha na prìomh 20 buidheann air an ainmeachadh, a' dèanamh suas an iomairt carthannais ioma-adhbharach as motha san Rìoghachd Aonaichte. Gach bliadhna, bidh Am Prionnsa Rìoghail a' cuideachadh le togail, gu dìreach no neo-dhìreach, barrachd na £100 millean gus taic a chur ri gnìomhachdan nan carthannas. A thuilleadh air an sin, tha Am Prionnsa air sia iomairtean sòisealta a chruthachadh, leis a' phrothaid ga thoirt do charthannas.

Ag adhartachadh agus a' dìon thraidiseanan nàiseanta, feartan agus sàr-mhathas

Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' cur taic ri coimhearsnachdan dùthchail Bhreatainn, ag àrdachadh fulangas agus tuigse nas motha eadar chreideamhan agus choimhearsnachdan, agus a' toirt euchd am follais no ceistean nach fhaigheadh, às aonais a chuid taic, ach glè bheag de dh'aithneachadh. Air sgàth sin, bidh Am Prionnsa glè thrì ag obair mar neach-saoraidh airson deasbad agus atharrachadh a dhèanamh nas fhasa tro cheanglaichean le Ministearan Riaghaltais agus daoine eile le cumhachd, agus le bhith a' toirt seachad òraidean agus a' sgrìobhadh artaigilean. Ann a bhith a' dèanamh seo, tha e an-còmhnaidh faiceallach deasbad phoilitigeach a sheachnadh. Bidh e a' conaltradh le Ministearan mar bhall den Privy Council agus a' thoirt iomradh air cùisean a tha air an togail le daoine nuair a bhios e a' dol mun cuairt na dùthcha.

Ann a bhith a' coileanadh a dhleastanas mar Oighre na Rìgh-chathrach, tha Prionnsa na Cuimrigh a' faighinn taic sa h-uile nì bho a mhnaoi, Ban-diùc na Còirn. An àite a bhith a' lorg iomhaigh làidir poblach dhi fhèin, is e dleastanas na Ban-diùc a bhith sa chiad àite a' toirt taic dhan duine aice, a' dol còmhla ris gu mòran de choinneamhan poblach air feadh na dùthcha agus thall thairis. Bidh a' Bhan-diùc cuideachd a' frithealadh thachartasan na h-aonar, agus a' cur an gnìomh obair carthannais is eile, ged an-uiridh dh'adhbhraich iar-shlànachadh às dèidh obair lannsa nach do fhritheil i uimhir de thachartasan poblach.

GU H-ÀRD BHO MHULLACH GU BONN

Prionnsa na Cuimrigh aig baile trèanaidh an 3mh Battalion, Rèiseamaid Mercian (Staffords), airson obrachaidhean bailteach aig Copehill Down, san t-Samhain 2008.

Ban-diùc na Còirn a' coinneachadh dhaoine a thàinig ga faicinn 's i aig Latha Nàiseanta nan Seann Shaighdearan ann am Blackpool san Ògmhios 2008.

TEACHD-A-STEACH AGUS CAITEACHAS

A' bhliadhna gu 31mh Màrt	2009 £000an	2008 £000an
Teachd-a-steachd bho Dhiùcachd na Còirn	16,458	16,273
Maoineachadh bho Tabhartasan-an-Cobhair agus Roinnean Riaghaltais	3,033	2,454
Teachd-a-steach iomlan agus maoineachadh	19,491	18,727
Caiteachas oifigeil	12,513	10,451
Còrr às dèidh chosgaisean oifigeil	6,978	8,276
Cìsean	3,093	3,429
Caiteachas neo-oifigeil	1,710	2,217
Caiteachas calpa (le ìsleachadh), Pàigheadh air ais iasad agus gluasadan gu tasgaidhean	2,018	2,436
Còrr airgid	157	194

Airson fiosrachadh ionmhasail eachdraidheil tadhalaibh air: www.princeofwales.gov.uk/mediacentre/annualreview

CUNNTAS SEASMHACHD

A' bhliadhna gu 31mh Màrt	2009 tonnaichean	2008 tonnaichean
Brùchdaidhean co-ionann CO₂		
Teaghlach	2,601	2,795
Tuathanas Dachaigh	2,341	2,378

Tha am Prionnsa Uilleam agus am Prionnsa Harry cuideachd a' gabhail os làimh dhleastanasan poblach agus tha iad a' toirt taic do charthannais agus do bhuidhnean eile, ged a tha iad a' toirt seirbheis don rìoghachd gu sònraichte aig an àm-sa mar bhuill dhe na Feachdan Armaichte. An-uiridh, chaidh am meudachadh sna dreuchdan poblach aca fhoillseachadh nuair a chaidh Teaghlach a stèidheachadh dhaibh aig Lùchairt an Naoimh Seumas.

Geàrr-chunntas

Tha an dòigh sa bheil Prionnsa na Cuimrigh a' coileanadh a dhleastanasan poblach gu mòr air an aon ràmh bho bhliadhna gu bliadhna, agus ann an 2009-09 b' e na prìomh chuspairean an àrainneachd, an àrainneachd thogte (gu h-àraidh ann am planadh choimhearsnachdan nas seasmaiche agus ag adhartachadh ath-nuadhachadh cheàrnaidhean bochda), taic nam Mòrachd Rìoghail do na Feachdan Armaichte agus an obair às leth Bhreatainn air tursan thall thairis.

Tha Am Prionnsa air a bhith a' tarraing aire dhaoine airson grunn bhliadhnaichean gu na duilgheadasan dùbhlanaich co-cheangailte ri atharrachaidhean gnàth-shìde, agus ann an 2008-09 tha Pròiseact nan Coilltean-uisge a' leantainn air adhart gus fuasglaidhean a lorg airson duilgheadasan co-cheangailte ri di-choillteachadh tropaigeach, suidheachadh a tha a' cur gu mòr ri teachd-a-mach gualain agus blàthachadh na cruinne. B' e clach-mhìle chudromach a bh' ann airson a' phròiseict nuair a chaidh coinneamh a chumail air 1 Giblean 2009 aig Lùchairt an Naoimh Seumas, leis a' Phrionnsa na chathraiche. Aig a' choinneimh seo, thàinig prìomh oifigich agus stiùirichean bho gach ceàrnaidh dhen t-saoghal ri chèile, agus dh'aontaich iad Buidheann-obrach Eadar-nàiseanta a chur air dòigh gus dèiligeadh ris an t-suidheachadh (gheibhear barrachd fiosrachaidh air obair a' Phròiseict air duilleagan 12 agus 13).

Le Feachdan Bhreatainn ag obair ann an diofar cheàrnaidhean dhen t-saoghal, 's gu sònraichte ann an Iorac agus ann an Afganastan, tha am Mòrachd Rìoghail, am Prionnsa Uilleam agus am Prionnsa Harry daonnan a' soilleireachadh seirbheis is ìobairt nan saighdearan agus an cuid theaghlaichean.

Tha a' bhliadhna a th' air a dhol seachad air a bhith gu sònraichte trang a thaobh thursan thall thairis às leth Riaghaltas Bhreatainn: bha turas gu Iapan, Brunei agus Indonisia san Dàmhair 2008, agus dhan t-Sìle, Brasil agus Ecuador sa Mhàrt 2009.

Tha am Prionnsa Uilleam agus am Prionnsa Harry cuideachd a' gabhail os làimh dhleastanasan poblach agus tha iad a' toirt taic do charthannais agus do bhuidhnean eile.

TACHARTASAN AGUS GNÌOMHACHDAN

Ann an 2008-09, ghabh Prionnsa na Cuimrigh 658 coinneamh oifigeil gu h-iomlan os làimh, le 83 dhiubh thall thairis agus ghabh Ban-diùc na Còirn 225 coinneamh os làimh le 56 dhiubh thall thairis. Tha na coinneamhan agus na gnìomhachdan a leanas a' sealltainn an raon obrach a tha aig am Mòrachd Rìoghail rè na bliadhna.

A' Comharrachadh 90 bliadhna de dh'Fheachd Rìoghail an Adhair

Sa Ghiblean 2008, thadhail Prionnsa na Cuimrigh agus Ban-diùc na Còirn air RAF Cranwell ann an Siorrachd Lincoln gus 90 bliadhna de dh'Fheachd Rìoghail an Adhair a chomharrachadh. Aig an tachartas, bhuilich a Mhòrachd Rìoghail sgiathan paidhleat an RAF air a mhac as sine, am Prionnsa Uilleam, an dèidh dha cùrsa sgèithe 12-seachdain a chrìochnachadh.

Ann an Èirinn a Tuath gus saighdearan a choinneachadh a bha air tilleadh à Afganastan

Sa Chèitean 2008, thadhail Prionnsa na Cuimrigh agus Ban-diùc na Còirn air Rèiseamaid Mercian aig Gearastan na Lùchairt, faisg air Beul Feirste, 's iad ann an Èirinn a Tuath airson dà latha. Tha am Prionnsa na Àrd-chòirneileir air Rèiseamaid Mercian, agus fhad 's a bha iad ann, choinnich am Mòrachd Rìoghail saighdearan a bha o chionn ghoirid air tilleadh à Afganastan, far an deach naoinear dhen Chompanaidh aca a mharbhadh san t-sabaid.

Am Prionnsa Harry a' faighinn a bhonn Afganastan bhon Bhana-phrionnsa Rìoghail

Sa Chèitean 2008, fhuair am Prionnsa Harry bonn catha airson seirbheis armaitich ann an Afganastan. B' e piuthar 'athar, a' Bhana-phrionnsa Rìoghail, Còrnaileir nan Gorman is Rìoghailean, a thug dha e, aig Taigh-feachd Chombermere ann a Windsor, far an tàinig athair gus a choimhead.

Taigh Dhùn Phris fosgailte don mhòr-shluagh

San Ògmhios 2008, dh'fhosgail Prionnsa na Cuimrigh Taigh Dhùn Phris don mhòr-shluagh airson a' chiad turais ann an 250 bliadhna. Thuirt e gun robh e an dòchas gum biodh e na chuideachadh eaconamach do sgìre gu h-àraidh bochd de dh'Inbhir Àir an Ear gun deach a cheannach agus gun robh e fosgailte. Cheannaich buidheann aig an robh am Prionnsa na ceann an taigh Seòrsach agus na bh' ann - cruinneachadh a tha gun choimeas de dh'àirneis Chippendale is eile - ann an 2007, airson 's gun deidheadh a ghleidheil airson na dùthcha.

Prionnsa na Cuimrigh aig seirbheis a' comharradh 60 bliadhna den NHS

San Iuchar 2008, thàinig Prionnsa na Cuimrigh agus ceudan de sheann luchd-obrach agus luchd-obrach an NHS san latha an-diugh gu Abaid Westminster gu seirbheis a bha a' comharradh 60 bliadhna de Sheirbheis Nàiseanta na Slàinte (NHS).

A' tadhal air Gwent agus Siorrachd Monmouth

San Dàmhair 2008, fhad 's a bha Prionnsa na Cuimrigh air turas gu Gwent agus Siorrachd Monmouth, shiubhail e air trèana a bha a' ruith air seirbheis a chaidh a stèidheachadh gus ath-nuadhachadh a thoirt dha coimhearsnachd sa Chuimrigh. Chaidh am Prionnsa air an trèana eadar Ebbw Vale agus Cardiff - slighe a chaidh ath-fhosgladh an dèidh dha airgead poblach a dhol dhan phròiseact, gus muinntir Blaenau Gwent 's na sgìrean mu thimcheall a chuideachadh gus obair a lorg.

Am Prionnsa Uilleam a' comharradh 40 bliadhna de Centrepoint

San t-Samhain 2008 chuidich am Prionnsa Uilleam Centrepoint, an carthannas airson daoine gun dachaigh, a' 40mh bliadhna aca a chur air bhog le diathad aig Lùchairt an Naoimh Seumas. Mar neach-taice, thug am Prionnsa Uilleam moladh dha Centrepoint airson mar a tha iad, airson òigridh gun dachaigh, "a' dèanamh an diofair eadar àmhghar is sprochd agus dòchas agus ath-nuadhachadh de fhèin-mhisneachd".

GU H-ÀRD BHO MHULLACH GU BONN

Am Prionnsa Uilleam a' faighinn a chuid sgiathan RAF bho athair;
Prionnsa na Cuimrigh aig RAF Cranwell ann an Siorrachd Lincoln sa Ghiblean 2008;

Prionnsa na Cuimrigh a' tighinn bho thrèana aig Stèisean Ebbw Vale san Dàmhair 2008.

A' tadhal air dhà de Charthannais a' Phrionnsa air 60mh co-là-breith a Mhòrachd Rìoghail

San t-Samhain 2008, air 60mh co-là-breith a Mhòrachd Rìoghail, thadhail Prionnsa na Cuimrigh agus Ban-diùc na Còirn air pròiseactan a tha dhà de Charthannais a' Phrionnsa a' ruith. Shiubhail am Mòrachd Rìoghail gu Ionad Coimhearsnachd Beckton ann an taobh an Ear Lunainn gus coinneachadh ri òigridh a bha air cuideachadh fhaighinn bho Urras a' Phrionnsa. An dèidh làimh, thadhail iad air an Taigh Rìoghail Opera gus clann a choinneachadh a bha air cuideachadh fhaighinn bho Bhuidheann a' Phrionnsa airson Clann 's nan Ealain.

Prionnsa na Cuimrigh a' tilleadh gu làrach-obrach stàilinn ann an Sheffield a bha tuiltean air milleadh

San t-Samhain 2008, thill Prionnsa na Cuimrigh gu aon dhe na làraich-obrach stàilinn as motha san dùthaich gus faicinn gu dè mar a bha a' chompanaidh air faighinn seachad air a' mhilleadh a rinn na tuiltean uabhasach a' bhliadhna roimhe. An dèidh nan tuiltean, bha am Prionnsa air cuideachadh àrachais a thoirt dhan chompanaidh, tron charthannas aige, Gnothachas sa Choimhearsnachd; leig seo dha Forgemasters dèiligeadh ris an tachartas a bha air a thighinn orra.

Ban-diùc na Còirn na Ceannard air Ionadan Maggie airson Cùram Aillse

San t-Samhain 2008, thadhail Ban-diùc na Còirn, mar Cheannard, air a' chiad fhear de dh'ionadan Maggie ann an Lunainn. Tha ionad Maggie an Lunainn ri fhaighinn aig Ospadal Charing Cross ann an Hammersmith. Tha sia ionadan dhen leithid air feadh na dùthcha, ag amas air inntinn agus corp easlainteach aillse a chumail cho falainn 's a ghabhas le a bhith gan cuideachadh gus compàirt a ghabhail a thaobh 's mar a thathar a' dèiligeadh riutha.

A' chiad Duais Ban-diùc na Còirn air a toirt seachad

Sa Ghearran, 2009, dhuaisich Ban-diùc na Còirn airson a' chiad turas, Duais Ban-diùc na Còirn airson obair ann an raon osteoporosis, dhan Àrd-ollamh Cyrus Cooper. Ann an òraid, mhol an t-Àrd-ollamh Cooper a Mòrachd Rìoghail airson na h-obrach sgoinneil a bha i air a dèanamh gus iomhaigh an tinneis àrdachadh.

A' foillseachadh cuimhneachan gu Banrigh Ealasaid, Màthair na Bànrigh, ann an Lunainn

Sa Ghearran 2009, thàinig am Mòrachd Rìoghail còmhla ris a' Bhànrigh, Diùc Dhùn Èideann agus buill eile dhen Teaghlach Rìoghail gu tachartas air am Mall far an deach cuimhneachan do Bhànrigh Ealasaid, Màthair na Banrigh, a chaochail ann an 2002 aig aois 101, fhoillseachadh. B' e Prionnsa na Cuimrigh a bha os cionn dealbhadh a' chuimhneachain, agus bhruidhinn e gu pearsanta mu a "sheanmhair ghràdhach" agus mu "a beathalachd, a neart 's a smior....agus mu a nàdar sunndail, àbhachdail is dìbhearsaineach".

A' tadhal air Eileanan Iomallach Galapagos ann an Ecuador

Sa Mhàrt 2009, thadhail Prionnsa na Cuimrigh agus Ban-diùc na Còirn air Eileanan Galapagos ann an Ecuador, gus cuimhne a chumail air Teàrlach Darwin, a chaidh a bhreith o chionn 200 bliadhna. Bha an tachartas cuideachd a' comharradh na h-obrach a thathas a' dèanamh gus àrainneachd chugallach nan eileanan a ghleidheil. Bha an turas mar phàirt de thuras oifigeil gu Aimearaga a Deas, a mhair 10 latha.

GU H-ÀRD BHO MHULLACH GU BONN

Ban-diùc na Còirn a' toirt seachad a' chiad tè de Dhruisean Ban-diùc na Còirn dhan Àrd-ollamh Cyrus Cooper 's i a' tadhal air Prìomh oifisean Chomann Nàiseanta Osteoporosis ann am Bath sa Ghearran 2009.

Prionnsa na Cuimrigh agus Ban-diùc na Còirn a' coimhead air sligeachain mhòra aig Stèidheachd Charles Darwin ann am Pàirc Nàiseanta Galapagos, Ecuador sa Mhàrt 2009.

UALLACH ÀRAINNEACHAIL

Tha Prionnsa na Cuimrigh air a bhith na stiùiriche àrainneachdail airson faisg air 40 bliadhna, ag obair còmhla ri gnòthachasan, riaghaltasan agus buidhnean nàiseanta is eadar-nàiseanta eile gus an àrainneachd a dhìon agus dèiligeadh le atharrachadh gnàth-shìde.

Tha Teaghlach am Mòrachd Rìoghail a' strì gus an ìre de sgaoilidhean gualain, a' mhòrchuid dhen seo a' tighinn bho shiubhal, bho sholais is teas, agus bhon tac aig Highgrove. Thathas a' dèanamh na cùis air an lùghdachadh seo tro bhith a' lùghdachadh na thathas a' caitheamh de chonnadh agus le a bhith a' dèanamh barrachd feum de lùth ath-nuadhachail.

Ann an 2008-09, thathar dhen bheachd gun do lùghdaich na chaidh a chleachdadh de chonnadh fosail le 15 sa cheud, agus chuir seo ri lùghdachadh de sheachd sa cheud ann an sgaoilidhean ghasan 'taighe-ghlainne' air fad. Thar an dà bhliadhna mu dheireadh, tha seo a' ciallachadh gun do lùghdaich sgaoileadh nan gasan gu 24 sa cheud, dìreach goirid air an targaid a chuir an Teaghlach roimhe fhèin - targaid de lùghdachadh 25 sa cheud ro 2012.

A bharrachd air a bhith a' lùghdachadh 'Iorg gualain' an Teaghlaich, tha am Prionnsa cuideachd a' coinneachadh ris na tha an cois atharrachadh gnàth-shìde tro dhiofar phròiseactan agus iomairtean àrainneachail sa bheil e an sàs, gu tric an compàirteachas le riaghaltasan, leis an roinn phrìobhaidh agus le Buidhnean Neo-Riaghaltasach (NGOan). Nam measg, tha Pròiseact Choilltean-uisge a' Phrionnsa, a tha ag amas air leigeil fa-sgaoil gualain a lùghdachadh bho di-choillteachadh tropaigeach (a bharrachd air diofar bhuanachdan eile a thig bhon phròiseact) le a bhith a' lùghdachadh a' mhillidh air coilltean-uisge; cuideachd tha diofar iomairtean stèidhte air an raon-obrach aig a' Phrionnsa leithid a' bhuidheann de phrìomh chompanaidhean àrachais, ris an canar 'ClimateWise', a' bhuidheann 'P8' dhe na prìomh mhaoinean peinnsein agus Caidreachas na Roinn Laghail, a thuilleadh air Lionra May Day a' Phrionnsa de chòrr is 1100 gnòthachas a tha dealasach mu bhith ag obair an aghaidh atharrachadh gnàth-shìde.

Tha barrachd fiosrachaidh mu fheadhainn dhe na pròiseactan ri fhaighinn san Sgrùdadh seo, agus bheir Cunntas na Seasmhachd air duilleagan 54-57 barrachd fiosrachaidh mu sheasmhachd an Teaghlaich fhèin. Am measg nan adhbharan air cùlaibh an lùghdachaidh ann an sgaoilidhean an Teaghlaich an-uiridh, bha gun deach barrachd bith-diosail, a th' air a dhèanamh à ola còcaireachd, a chleachdadh an Trèana Rìoghail is ann an càraichean a' Phrionnsa, agus gun deach goileadairean lùth-èifeachdach a chur a-steach ann an Taigh Clarence, a lùghdaich na chaidh a chleachdadh de ghas gu mòr, ged a bha an geamhradh fuar, agus cuideachd gun deach goileadairean a chur a-steach a Highgrove, Birkhall agus Llwynywermod, a tha a' cleachdadh fiodh à àiteachan seasmhach an àite connadh fosail. Cuideachd, mheudaich an Teaghlach na thathar a' cleachdadh de dhealan bho bhunan ath-nuadhachail no seasmhach, agus chuidich e cùisean gun deach innealan stiùiridh a chur dha na h-oifisean a tha a' cumail sùil air an dealan a th' air a chosg, agus tha seo a' toirt barrachd chothroman gus caomhnaidhean a dhèanamh.

Tha gach tè dhe na h-iomairtean seo ann an suidheachaidhean far a bheil an Teaghlach a' dèiligeadh gu pearsanta. Ach chan eil smachd aig an Teaghlach air siubhal thall thairis a th' air a dhèanamh tro iarrtas an Riaghaltais. 'S ann air na tursan thall thairis sin a tha am meud as motha de ghasan taighe-ghlainne air an sgaoileadh gach bliadhna, agus ann an 2008-09, b' ann tromhpa a chaidh faisg air 50 sa cheud dhen t-suim air fad a sgaoileadh. Tha an àireamh seo nas àirde na an tè airson nam bliadhnachan roimhe seo air sgàth 's gun robh dà thuras fada às ann: san Dàmhair agus san t-Samhain 2008 gu Iapan, Brunei agus Indonisia, agus sa Mhàrt 2009 dhan t-Sìle, Brasil agus Ecuador.

GU H-ÀRD BHO MHULLACH GU BONN

Taigh Clarence agus Highgrove, far an deach diofar mhodhan a chur an cleachdadh gus lùth a shàbhaladh.

Ach, bha am meudachadh bho shiubhal thall thairis às leth an Riaghaltas gu math nas lugha na bha an lùghdachadh san sgaoileadh bho a bhith a' cleachdadh lùth agus bho shiubhal eile. Tha poileasaidh aig an Teaghlach gun tèid an sgaoileadh gu lain air fad aca a chuidhteachadh.

Tha na sgaoilidhean aig an Tac aig Highgrove air am measadh agus air an sgrùdadh fa leth le miann an lùghdachadh san fhad-ùine. Tha Home Farm air a ruith mar thac fhàs-bheartach o 1985, agus tha e airson modhan tuathanais seasmhach a chur air adhart. Ann an 2008-09, bha 2,341 tunna de sgaoileadh ghasan taighe-ghlainne aig an tac (faic duilleag 57 airson barrachd fiosrachaidh).

A thaobh obair fharsaing a' Phrionnsa gus dèiligeadh ri na dùbhlain a tha co-cheangailte ri atharrachadh gnàth-shìde, san Dùbhlachd 2008, dh'fhoillsich stiùirichean ghnòthachasan bho chòrr is 140 companaidh eadar-nàiseanta am "Poznan Communiqué". B' ann mar phàirt de Bhuidheann Stiùirichean Ghnòthachasan a' Phrionnsa air Atharrachadh Gnàth-shìde a chaidh seo a chur air dòigh, agus dh'fhoillsich seo dha prìomhairean an t-saoghail na bha na stiùirichean am beachd a tha buileach cudromach ann an aonta eadar-nàiseanta air atharrachadh gnàth-shìde.

Tro Lionra May Day cuideachd, tha am Prionnsa a' leantainn air adhart a' gabhail a-steach ghnòthachasan fad is farsaing le a bhith a' misneachadh ghnòthachasan na tha iad a' caitheamh de ghualan a thomhas agus a lùghdachadh. Chaidh an dara coinneamh aig May Day a chumail air 1 Cèitean 2008, agus thug seo còrr is 1600 stiùiriche ghnòthachais còmhla aig 13 tachartasan air feadh na dùthcha. Aig na cruinneachaidhean, chaidh bruidhinn air an adhartas a chaidh a dhèanamh bhon chiad tachartas ann an 2007, agus chaidh bruidhinn air fuasglaidhean a tha comasach airson dèiligeadh ris an duilgheadas. Tha Carthannais a' Phrionnsa air fad air a thighinn am broinn Lionra May Day.

Chuir Pròiseact a' Phrionnsa, Cunntasachd airson Seasmhachd, air dòigh Fòram Cunntasachd airson Seasmhachd ann an 2008 - fòram a tha a' toirt ri chèile, airson a' chiad turas, coimhearsnachdan ionmhais agus cunntasachd ann an ghnòthachas, san Riaghaltas, ann am modhan proifeiseanta agus à saoghal foghlaim bho gach ceàrnaidh dhen t-saoghal, gus dèiligeadh ri cùisean seasmhachd. Choinnich am Fòram airson a' chiad turas aig Lùchairt an Naoimh Seumas san Dùbhlachd, a' cur fios gu còrr is 200 ceannard, airson dòighean a lorg gus seasmachd a dhlùth-cheangal ri modhan co-dhùnaidh, cunntasachd agus aithisge gu h-ìre nas buadmhoir.

Chuir an Teaghlach, agus àireamh de bhuidhnean eile, an gnìomh Frèam Aithisge Co-cheangailte, fear dhe na h-innealan a leasaich am Pròiseact. Tha Roinn Ionmhais na Bànrigh cuideachd a' beachdachadh air a chur an gnìomh san roinn phoblaich san RA. Chaidh leabhran fhoillseachadh air an Fhrèam, a tha ag innse mar a tha buannachd ann a thaobh seasmhachd agus a thaobh ionmhais fhèin.

Mu dheireadh, o chaidh a bhogadh san Dàmhair 2007, tha Pròiseact Choilltean-uisge a' Phrionnsa air a bhith ag obair còmhla ri eòlaichean àrainneachd is eaconamach, agus tha e air ceannardan a thoirt còmhla ri chèile bho riaghaltasan, bho ghnòthachasan, buidhnean neo-riaghaltasach agus bho dhaoine dùthchasach gus fuasglaidhean gnìomhach a lorg a chuireas casg air di-choillteachadh tropaigeach. Tha fiosrachadh nas mionaidich air obair a' Phròiseict air duilleagan 12 agus 13.

Tha barrachd fiosrachaidh mu bhuidhean àrainneachail an Teaghlach ri fhaighinn air td 54-57.

DIÙCACHD NA CÒIRN

Is e oighreachd phrìobhaideach a th' ann an Diùcachd na Còirn a bhios a' maoinachadh gnìomhachdan poblach, carthannach agus prìobhaideach Prionnsa na Cuimrigh agus a theaghlaich. Tha 54,424 hectair de dh'fhearann ann an 23 siorrachdan, a' chuid as motha ann an Iar Dheas Shasainn, a' gabhail a-steach 27,000 heactair air Dartmoor. Mar Dhiùc na Còirn tha am Prionnsa gu mòr an sàs ann an ruith na Diùcachd, agus is e fheallsanachd piseach a thoirt air an oighreachd agus a fàgail ann an suidheachadh nas fheàrr agus nas làidire aig Diùcan eile san àm ri teachd.

Tha am Prionnsa, mar Dhiùc na Còirn, airidh air teachd-a-steach iomlan bliadhnaile na Diùcachd. Chan eil e airidh air toradh no prothaid bho reic mhaoinen calpa na Diùcachd, a tha air an cumail san Diùcachd gus teachd-a-steach a sholarachadh dha luchd-tairbhe san àm ri teachd. Chan eil an Oighreachd fo smachd cìs chorporaid o nach e companaidh a th' ann ('s e sin, buidheann laghail air leth fo smachd chisean teachd-a-steach - san aon dòigh ri, mar eisimpleir, nach eil compàirteachas na bhuidheann laghail air leth fo smachd chisean teachd-a-steach), ach tha a Mhòrachd Rìoghail a' pàigheadh cìs teachd-a-steach gu saor-thoileach air teachd-a-steach iomlan na h-oighreachd.

Tha an oighreachd fearainn air a dèanamh suas à seilbh àiteachasail, coimearsalta agus còmhnaidheil. Tha màileid de thasgaidhean ionmhasail aig an Diùcachd cuideachd. Is e an ro-innleachd tasgaidh seilbh fad-ama a bhith a' sealbhachadh, a' stiùireadh agus far an gabh e dèanamh, a bhith a' leasachadh na màileid chothromaich a th' ann de sheilbh àrd-ghnèitheach. Bidh an ro-innleachd seo an sàs ann a bhith a' faighinn cuibhteas de sheilbh a tha a' chòrr, a' cur an seilbh ann an cumail suas agus leasachadh na h-oighreachd a th' ann agus a' faighinn togalaichean ùra a tha ag aontachadh ri amasan tasgaidh na Diùcachd.

Tha gnothaichean ionmhais na Diùcachd air an stiùireadh le Roinn an Ionmhais, le cuideam sònraichte air dèanamh cinnteach gu bheil airgead calpa na Diùcachd air a ghleidheadh dha luchd-tairbhe san àm ri teachd. Mar eisimpleir, chan urrainn dha gnothaichean fearainn thairis air £500,000 a bhith air an coileanadh ach le aonta Roinn an Ionmhais.

Tha còrr bliadhnaile Diùcachd na Còirn air meudachadh aon sa cheud gu £16.5 millean. Tha na toraidhean seo misneachail san t-suidheachadh eaconamach a th' againn aig an àm-sa, agus tha iad a' foillseachadh neart agus inbhe raon farsaing nan toglaichean aig an Diùcachd agus luach nan amasan fad-ùine aice. Sa chunntas calpa, tha luachan nan dachaighean agus nan toglaichean coimearsanta air tuiteam, ach tha luachan na talmhainn àiteachais air an luach a chumail gu ìre mhath. Chan eil na h-atharrachaidhean cho mòr anns an luachan 's a tha iad air a bhith sa mhargaid san fharsaingeachd.

'S e Poundbury aon dhe na pròiseactan as motha aig an Diùcachd - talamh na Diùcachd air a bheilear a' togail thaighean ann an Dorchester a th' ann an Dorset. A dh'aindeoin 's mar a tha cùisean eaconamach air a bhith, tha obair togail air leantainn air adhart. Am measg na thathas a' togail, tha taighean is oifisean seasmhach le siostam teasachaidh bith-thomaid; bloca fhilataichean os cionn oifisean air ceann a deas Ceàrnag Màthair na Bànrigh; agus diofar thoglaichean air ceann tuath Rathad Bridport.

GU H-ÀRD BHO MHULLACH GU BONN

Prionnsa na Cuimrigh 's e a' tadhal air Poundbury far an do dh'fhosgail e Prìomh Ionad Smalaidh is Teasargainn sa Mhàrt 2009.

Taigh ùr ga thogail ann am Poundbury, leudachadh bailteach Dorchester.

Am measg nan tachartasan sònraichte eile a ghabh àite sa bhliadhna, dh'fhosgail am Prionnsa prìomh ionad airson Seirbheis Smàlaidh is Teasaiginn Dorset, anns a bheil mu 120 neach ag obair; thadhail e air Sgoil Thòmais Hardy a tha faisg air làimh; agus cuideachd ghluais Ionad Sàr-mhathais Dhreuchdail ann an Sgìlean Clachaireachd Cholaiste Weymouth dhan ionad ceàird ùr B2 deas air Middle Farm Way.

An-uiridh, dh'fhuirich Am Mòrachd Rìoghail ann an Llwynywermod sa Chuimrigh airson a' chiad turais. Dh'fhuirich iad san taigh is tac a cheannaich an Diùcachd ann an 2007, agus a chaidh a dhèanamh an-àirde a' cleachdadh stuthan is luchd-ceàirde às a' Chuimrigh. Fhad 's a bha iad san taigh, chuir am Prionnsa agus a' Bhan-diùc air chois diofar choinneamhan agus diathadan. Cuideachd, bha cuirm aca dha muinntir an àite agus dhan fheadhainn a bh' air a bhith ag obair air an taigh.

On Ghearran 2009, tha na taighean a chaidh a dhèanamh an-àirde air a bhith deiseil airson shaor-làithean. Mar a tha cumanta le toglaichean na Diùcachd air fad, bha seasmhachd air leth cudromach nuair a bhathar ag obair orra. Chaidh còmhdachadh clòimh a chleachdadh, plàsdar hemp, a bharrachd air stuthan agus peanta nàdarra. Tha an teas agus an t-uisge teth a' tighinn bho ghoileadair a tha a' cleachdadh sgealban-fiodh.

Ghabh leasachadh cudromach eile àite airson na Diùcachd an-uiridh, san Fhaoilteach 2009, nuair a thug Comhairle Restormel cead airson trì iarrtasan dealbhaidh airson Newquay sa Chòrn. Thathar a' sùileachadh gun cruthaich an leasachadh ùr 700 dachaigh ùr, agus gun toir e obair dha faisg air 600 neach. Chaidh na trì planaichean ioma-chleachdaidh a dhealbh a-rèir ro-innleachd seasmhachd a' Phrionnsa, agus tha iad ag amas air inbhean ùra a ruighinn a thaobh leasachaidh sheasmhaich sa Chòrn. Seach gun deach cead a thoirt dhaibh, cuiridh an Diùcachd seachd an ath naoi no 12 mhìos ag obair air planaichean mionaideach, a ghabhas a-steach co-chomhairleachadh poblach.

Tha an Diùcachd air tasgadh mòr a chur a bhaile Phrincetown air Dartmoor sa bhliadhna a chaidh seachad cuideachd. Am measg feadhainn dhe na prìomh phròiseactan, chaidh Ionad Ealain is Cheàrdan Duchy Square a thogail an co-bhonn ri Comhairle Sgìre Devon, agus chaidh cuideachadh a thoirt cuideachd do dh'ionad a thathas a' togail airson meadhan a' bhaile.

Tha an Diùcachd a' leantainn air adhart leis a' chom-pàirt a tha i a' gabhail ann an coimhearsnachd àiteachais Dartmoor. Mar phàirt de dh'iomairt Margaideachd Thuathanach a' Phrionnsa, chaidh Comann Thuathanach Dartmoor a stèidheachadh gus mairt-fheòil is uan-fheòil a mhargadh gu h-ionadail.

Tha an Diùcachd dealasach ann a bhith a' cur air adhart seasmhachd, agus ged nach eil smachd sam bith aig an diùcachd air na sgaoilidhean a tha a' tighinn bhon chòrr is 1000 taigh-còmhnaidh agus bhon 100 bùth-obrach a tha co-cheangailte ris an diùcachd, tha co-dhleastanas eadar i fhèin agus an luchd-gabhail airson dèiligeadh ris a' bhuidhe a th' aig na toglaichean sin air an àrainneachd. Le seo fa comhair, tha an Diùcachd a' leasachadh diofar iomairtean gus sgaoilidhean a lùghdachadh, nam measg, goileadairean bith-thomaid, leithid an fheadhainn a chaidh a chur a Llwynywermod sa Chuimrigh, a Harewood End ann an Hertfordshire agus ann an Restormel Manor sa Chòrn. Cuideachd chaidh pumpaichean bun-teas grunnid is adhair a chur a-steach, agus chaidh an còmhdachadh mullaich ann an còrr air 150 togalach ann an Eileanan Scilly a neartachadh tro 2008-09.

GU H-ÀRD BHO MHULLACH GU BONN

Prionnsa na Cuimrigh agus Ban-diùc na Còirn a' tadhal air Sgoil Thòmais Hardy ann an Dorchester, faisg air Poundbury, ann an Dorset san Dùbhlachd 2008.

Prionnsa na Cuimrigh agus Ban-diùc na Còirn a' fàgail seòmraichean prìobhaideach an cuid taighe ùire aig Llwynywermod, faisg air Slandovery san Ògmhios 2008.